

Am Moladh Co-chomhairleachaidh aig Comhairle Baile Ghlaschu

Aithisg le Foghlam Alba a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim den mholadh gus sgìre-sgoile a chomharrachadh airson clann aois bun-sgoile a tha a' frithealadh Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu agus a' Bhun-sgoil Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ùr a thathar a' dol a thogail mar phàirt de dh'àrainn Ghleann Dail.

Co-theacsa

Tha an aithisg seo bho Foghlam Alba mar riatanas fo chumhaichean *Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010*. Chaidh a h-ullachadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh ann an co-rèir ri cumhaichean na h-Achd. Is e adhbhar na h-aithisg seo beachd neo-eisimeileach agus gun lethbhreith a thoirt air moladh co-chomhairleachaidh na comhairle. Tha Earrann 2 den aithisg seo a' cur an cèill beachdan an luchd-co-chomhairleachaidh rè a' phròiseis co-chomhairleachaidh a bha ann aig toiseach chùisean. Tha Earrann 3 a' cur an cèill beachdan Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air taobhan foghlaim a' mholaidh agus air na beachdan a fhuaras bhon fheadhainn a bha an sàs sa cho-chomhairleachadh. Tha Earrann 4 a' toirt geàrr-chunntas air sealladh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh san fharsaingeachd air a' mholadh. Air dhaibh an aithisg seo fhaotainn, tha e mar fhiachaibh air a' chomhairle fon Achd, beachdachadh oirre agus an uair sin aithisg co-chomhairleachaidh deireannach ullachadh. Feumaidh aithisg co-chomhairleachaidh deireannach na comhairle gabhail a-steach lethbhreac den aithisg seo agus mìneachadh a thoirt air an dòigh san deach lèirmheas a dhèanamh air an tùs mholadh, a' gabhail a-steach geàrr-chunntas de na puingeann a chaidh an togail rè a' cho-chomhairleachaidh agus freagairt na comhairle dhaibh. Feumaidh a' chomhairle an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach fhoillseachadh trì seachdainean mus ruig i a co-dhùnadh deireannach.

1. Ro-ràdh

1.1 Tha Comhairle Baile Ghlaschu a' moladh sgìre-sgoile a chomharrachadh airson clann aois bun-sgoile a tha a' frithealadh Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu agus a' Bhun-sgoil Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ùr a thathar a' dol a thogail mar phàirt de dh'àrainn Ghleann Dail. Aig an àm a tha an làthair tha na daoine òga air fad a tha ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig a' frithealadh Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Thathar a' dol a thogail bun-sgoil ùr Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig air taobh deas a' bhaile. Thathar air dà mholadh a chur air adhart airson sgìre-sgoile a chomharrachadh airson clann aois bun-sgoile. Tha a' chomhairle cuideachd air cuireadh a thoirt do luchd-ùidh roghainnean eile a mholadh airson na sgìre-sgoile.

1.2 Tha Roghainn 1 a' comharrachadh na sgìre-sgoile le Abhainn Chluaidh mar an loidhne-sgaraidh. Tha Roghainn 2 a' comharrachadh na sgìre-sgoile leis na rathaidean-mòra an M8 agus an M77 gu ìre mhòr mar an loidhne-sgaraidh.

1.3 Chan eil atharrachaidhean gu bhith ann an sgìre-sgoile àrd-sgoil Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Bidh an sgìre-sgoile a' leantainn oirre a' gabhail a-steach a' bhaile air fad.

1.4 Dh'fheumadh aithisg a bhith air ullachadh le Foghlam Alba fo chumhaichean Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010. Chaidh a h-ullachadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh ann an co-rèir ris an Achd.

1.5 Ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh orra na gnìomhan a leanas ann a bhith a' beachdachadh air taobhan foghlaim a' mholaidh:

- coinneamh phoblach a fhrithealadh a chaidh a cumail air 21 Lùnastal 2013 co-cheangailte ri molaidhean na comhairle;
- beachdachadh air an obair phàipeir iomchaidh air fad a chaidh a thabhan leis a' chomhairle an lùib a' mholaidh, gu sònraichte an aithris mu na buannachdan foghlaim agus na sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh a bha na chois, beachdan ann an sgrìobhadh agus air an labhairt le pàrantan agus daoine eile; agus
- cuairtean chun sgìre-sgoile an co-bhuinn ris an làrach a thathar a' moladh airson na bun-sgoil ùr Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig àrainn Ghleann Dail, a' gabhail a-steach còmhraidhean air an fhòn le luchd-comhairleachaidh iomchaidh.

1.6 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- na buaidhean a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh air clann agus daoine òga a thaghadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig thar a' bhaile; clann agus daoine òga ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu; luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a dh'fhaodadh a bhith a' dol dhan sgoil taobh a-staigh dà bhliadhna on dheigheadh am pàipear molaidh fhoillseachadh; agus clann agus daoine òga eile ann an sgìre na comhairle;
- buaidhean sam bith eile a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh;
- mar a tha a' chomhairle am beachd lùghdachadh no seachnadh droch bhuidhe sam bith a dh'fhaodadh a bhith ag èirigh as a' mholadh; agus
- buannachdan a tha a' chomhairle dhan bheachd a thig bho bhith a' cur a' mholaidh an cèill, agus adhbharan na comhairle airson a bhith a' tighinn chun nan co-dhunaidhean sin.

2. Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Ghabh Comhairle Baile Ghlaschu co-chomhairle sa chiad dol a-mach air fo chumhaichean *Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010*.

2.2 Chaidh an sgrìobhainn co-chomhairleachaidh a sgaoileadh air raon fharsaing de luchd-ùidh, a' gabhail a-steach pàrantan, luchd-ùidh aig Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, Bun-sgoil Ghleann Dail, agus Sgoiltean-àraich Lyoncross agus Rowena. Chaidh a sgaoileadh cuideachd gu ùghdarrasan foghlaim aig a bheil pàrantan a bhios a' dèanamh tagradh airson àite ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Bha cuireadh airson beachdan a chur ann an sgrìobhadh an lùib a' cho-chomhairleachaidh. Bha beagan a bharrachd dha na tagraidhean sgrìobhte airson

Roghainn 1 far am biodh an sgìre-sgoile air a comharrachadh a' cleachdadh Abhainn Chluaidh mar chrìoch nàdarraich.

2.3 Chaidh coinneamh phoblach a cumail a bha na fòram iomchaidh airson a bhith a' cur an cèill raon de bheachdan. Thug oifigearan na comhairle gealltanais seachad gum biodh iad a' sireadh tuilleadh conaltraidh agus coluadar ri pàrantan. Thuir iad gun robh ùidh mhòr aca ann a bhith a' stèidheachadh buidheann-obrach le pàrantan a dh'obraicheadh còmhla gus a thighinn gu aonta mu sgìrean-sgoile. Chùm a' chomhairle dà choinneimh eile le pàrantan. Ach, cha robh na pàrantan air fad a' faireachdainn gun robh adhbhar nan coinneamhan sin soilleir agus thug sin buaidh air an àireamh a fhrithheil iad.

2.4 Bha na daoine ris an do rinn Luchd-sgrùdaidh na Banrigh co-chomhairleachadh a' cur luach air gun robh cothroman aig cloinn buannachd fhaighinn bho Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Bha iad gu math dearbhte mu shoirbheachas Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Comhairle Baile Ghlaschu agus an àrdachadh a bharrachd a dh'fhaodadh a thighinn an lùib a' mholaidh seo. Bha an fheadhainn ris an deach co-chomhairleachadh a dhèanamh, gu h-àraidh pàrantan, a' coimhead airson gealltanais gun leanadh comharrachadh nan sgìrean-sgoile sin ann a bhith a' gleidheadh agus a' leudachadh nan soirbheachasan sin.

2.5 A thuilleadh air a bhith a' beachdachadh air freagairtean nam pàrantan air fad a thug freagairt don cho-chomhairleachadh, choinnich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh cuideachd ris na pàrantan agus ri Comhairle Phàrant Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu agus Comann nam Pàrant. San fharsaingeachd, cha robh sealladh soilleir aig na pàrantan mun roghainn a b' fheàrr a thaobh a bhith a' comharrachadh nan sgìrean-sgoile. Bha uallach air cuid mu cho beag de dhaoine a bha iad a' meas a fhreagair agus a sheall ùidh sa cho-chomhairleachadh.

2.6 Bha pàrantan a bha a' fuireach faisg air a' bhun-sgoil Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ùr a' faireachdainn gum biodh làrach na sgoile mòran na bu ghoireasaich. Bha cuid eile a bha faisg air crìoch na sgìre-sgoile a' faireachdainn gun toireadh e na b' fhaide dhan chloinn a bhith a' siubhal gun adhbhar. Chan eil iad airson agus gum biodh cosgaisean còmhdaidh a bharrachd orra gus an clann fhaighinn air an oideachadh tro mheadhan na Gàidhlig san sgìre-sgoile a roghnaicheadh iad.

2.7 Bha cuid de phàrantan a' beachdachadh air a' mholadh tro shùilean na cloinne a tha an-dràsta ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Bha uallach orra mun dragh a dhèanadh e dhan chloinn aca nam biodh aca ri gluasad chun t-solair bun-sgoil ùir nan sparradh a' chomhairle sgìrean-sgoile orra. Bha iad gu sònraichte iomagaineach gum faodadh clann bho aon theaghlach a bhith ann an dà sgoil eadar-dhealaichte agus bha iad a' faicinn sin mar dhùbhlan a thaobh siubhal.

2.8 Bha buidheann eile de phàrantan nach robh a' faireachdainn gun robh an co-chomhairleachadh mu na sgìrean-sgoile ann an co-theacsa cheart taobh a-staigh plana fad-ùine mu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig san àm ri teachd sa bhaile. Bha iad dhan bheachd gum biodh e na b' fheàrr ro-innleachd farsaing a chur an cèill

sa chiad dol a-mach agus sgìrean-sgoile a bhith air an comharrachadh mar phàirt dhan seo. Bha cuid eile den bheachd nach robh na sgìrean-sgoile a' riochdachadh ionannachd ann an solair Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Gu sònraichte gum biodh na feadhainn a bha a' còmhnaidh ann an sgìre-sgoile Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu a' faighinn buannachd bho bhith ag ionnsachadh ann an sgoil a bha a' tabhann Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig 3-18. Bhiodh aig an fheadhainn a bha a' còmhnaidh ann an sgìre-sgoile na bun-sgoile ùr Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ri gluasad gu làraich eadar-dhealaichte airson solair ro-sgoile, bun-sgoile agus an uair sin àrd-sgoile. Bha uallach air cuid cuideachd nach biodh e cho coltach gum biodh clann a' cluinntinn na Gàidhlig taobh a-muigh an t-seòmair-clas san àrainn bun-sgoile cho-roinnte.

2.9 Bha e cudromach do phàrantan gum biodh a' choimhearsnachd san fharsaingeachd air àrainn Ghleann Dail le tuigse agus bàidh aca do Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Bha seo a chùim is gum biodh àrainn in-ghabhailta air a steidheachadh air an làrach.

2.10 Mhol beagan phàrantan dòigh eile air na sgìrean-sgoile a chomharrachadh. Feumaidh iad a-nise am moladh seo a chur a dh'ionnsaigh na comhairle. Ann a bhith a' toirt a' mholaidh air adhart, bu chòir dhan chomhairle beachdachadh an obraich an roghainn seo.

2.11 Bha clann gu math pragmatach mu bhith a' comharrachadh nan sgìrean-sgoile airson a' bhaile. Bha iad ag aithneachadh gun robh am moladh a' riochdachadh leudachadh ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, nì anns an robh uail mhòr aca. Bha a' chlann a' cur fàilte air a' chothrom a bhith a' leudachadh nam buidhnean càirdeis aca ach, aig an aon àm, cha robh iad airson a bhith air an dealachadh bho na caraidean a bha aca mar thà. San fharsaingeachd a thaobh na cloinne ris an deach co-chomhairle a chur, b' e an roghainn a b' fheàrr leotha, Abhainn Chluaidh a bhith air a cleachdadh mar a' chrìoch nàdarra an uair a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh mu sgìrean-sgoile.

2.12 Tha an luchd-obrach ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu a' creidsinn gu bheil am moladh a' riochdachadh dealas ann a bhith a' daingneachadh an ama ri teachd san fhad-ùine do Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha iad a' faireachdainn gu bheil an sgoil acasan an ìre mhath cho làn agus is urrainn dhi a bhith agus gu bheil am moladh seo riatanach agus a' tabhann dhaibh barrachd sùbailteachd anns an dòigh san cleachd iad an rùm a tha aca. Bhiodh an roghainn acasan a rèir miann nam pàrantan.

2.13 Bha a h-uile neach-co-chomhairleachaidh co-cheangailte ri sgìre-sgoile an t-solair Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ùr aig àrainn Ghleann Dail a' toirt taic dha na molaidhean. Cha robh iad dhan bheachd gun biodh droch bhuaidh sam bith an lùib a' mholaidh.

2.14 Chan eil Bòrd na Gàidhlig air ainmeachadh leis an ùghdarras foghlaim mar bhuidheann co-chomhairleachaidh a thaobh nam molaidhean. Fo chumhaichean Comhairle Reachdail *Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010*. agus, ann a bhith a' toirt a' mholaidh air adhart, feumaidh an t-ùghdarras foghlaim, beachd

Bhòrd na Gàidhlig a shireadh mu bhith a' comharrachadh sgìrean-sgoile airson solair bun-sgoile a thaobh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

2.15 Cha deach sònrachadh gum biodh buaidh aig a' mholadh air luchd-cleachdaidh sam bith bhon choimhearsnachd.

3. Taobhan foghlaim a' mholaidh

3.1 Tha fìor dheagh eachdraidh aig Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu a thaobh a bhith a' solair Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig 3-18 airson baile mòr Ghlaschu. Bidh an sgoil cuideachd a' faighinn thagraidhean bho phàrantan ann an ùghdarrasan foghlaim eile. Tha moladh na comhairle stèidhichte air a dealas a thaobh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus a bhith a' coinneachadh ris a' mheudachadh a thaobh iarrtas air a shon.

3.2 Tha pàipearan na comhairle a' toirt iomradh air buannachdan foghlaim a tha ag èirigh a-mach às na molaidhean. Tha na molaidhean sin ag aithneachadh amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig ann a bhith a' cuideachadh le bhith a' daingneachadh meudachadh ann an àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba. Tha an ùidh agus an t-iarrtas airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu air adhbharachadh meudachadh san t-solair. Bheireadh am moladh seo cothroman do bharrachd chloinne a bhith ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig taobh a-staigh sgìrean-sgoile comharraichte. Chuidicheadh e cuideachd ann a bhith a' dèiligeadh ris na duilgheadasan le dìth rùm ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Bhiodh e na bu ghoireasaich do phàrantan chloinne a tha a' còmhnaidh ann an sgìre àrainn Ghleann Dail a bhith a' frithealadh bun-sgoil Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sa choimhearsnachd ionadail aca fhèin.

3.3 Tha beachd dheimhinneach aig a' chomhairle air càileachd an fhoghlaim a tha air a thabhan ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu stèidhichte air an eòlas a tha aca air an sgoil. Tha am moladh a' toirt mion-chunntas air an dòigh anns am bi an luchd-obrach a' planadh còmhla gus dèanamh cinnteach gum bi an clàr-teagaisg an dà sholair bun-sgoile gu mòr a rèir a chèile. Feumaidh iad a-nis am mion-fhiosrachadh seo a leudachadh gus pàrantan a chuideachadh ann a bhith nas fiosrachail mu mar a bhios Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig de dh'àrd chàileachd air a chumail suas. Bidh seo a' gabhail a-steach fòcas nas soilleir air an ìre thràth den chlàr-teagaisg le sgoiltean-àraich Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Bhiodh e cuideachd feumail a bhith a' gabhail a-steach mar a bhiodh clann a' faighinn taic a thaobh a bhith a' cluinntinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh agus taobh a-muigh an t-seòmar-sgoile san àrainn bhun-sgoil cho-roinnte Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a thathar a' moladh. A thuilleadh air sin, feumaidh planadh a' chlàr-teagaisg thar àrainn co-roinnte Ghleann Dail leantainn air adhart gus tuigse cho-roinnte air cànan agus cultar na Gàidhlig thar an luchd-ùidh air fad.

3.4 Tha aithris buannachdan foghlaim na comhairle air nochdadh gum bi a' chomhairle dealasach ann a bhith ag obrachadh gu dlùth ris na pàrantan ann a bhith a' toirt a' mholaidh air adhart. A dh'aindeoin an dealais a tha seo, tha na pàrantan a bha an sàs sa cho-chomhairleachadh a' sireadh tòrr a bharrachd fiosrachaidh mionaideach mun dòigh anns an tèid seo a choileanadh. Feumaidh a' chomhairle,

san aithisg dheireannach aice a bhith soilleir mun dòigh anns an dèilig iad ris na pàrantan a thaobh nan cùisean a chaidh an sònrachadh san aithisg seo. Bidh iad sin a' gabhail a-steach a bhith a' cur an cèill ullachaidhean eadar-amail airson toiseach tòiseachaidh a thaobh sgìrean-sgoile.

4. Geàrr-chunntas a' Mholaidh

Tha am moladh bho Chomhairle Baile Ghlaschu gus sgìrean-sgoile a chomharrachadh airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig do chloinn aois bun-sgoile a' dol a nochdadh sochairean soilleir a thaobh a bhith a' meudachadh an t-solair. Airson cuid den chloinn, lùghdaichidh e an ùine a bhios iad a' siubhal, agus bithear a' tabhann Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sa choimhearsnachd ionadail. Feumaidh a' chomhairle barrachd mion fhiosrachadh a chur dhan aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich aice air na cùisean a tha air am mìneachadh san aithisg seo a tha uile dligheach agus a tha fhathast nan adhbhar dragh do phàrantan. Tha iad sin a' gabhail a-steach barrachd fiosrachaidh mu na h-ullachaidhean airson eadar-ghluasad a thaobh clann a bhios ann an P2–P5 aig an àm a bhios an solair bun-sgoile ùr a' fosgladh. Tha feum air tuilleadh conaltraidh agus soilleireachaidh cuideachd air mar a bhios na sgìrean-sgoile air an comharrachadh agus mar a bhios sgoilearan air an riarachadh orra. Feumaidh a' chomhairle obrachadh leis na pàrantan gus sgrùdadh a dhèanamh air comas obrachaidh roghainnean eadar-dhealaichte a thaobh a bhith a' comharrachadh sgìrean-sgoile. Feumaidh a' chomhairle cuideachd leantainn air adhart le planaichean ro-innleachdail airson conaltradh leantainneach agus a bhith ag obair còmhla ri luchd-ùidh ann a bhith a' planadh gus leantainn air adhart a' cumail suas a' mhisneachd a tha aig daoine ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Mus tèid an co-chomhairleachadh a thoirt gu crìch, feumaidh a' chomhairle dèanamh cinnteach gu bheil iad air an dleastanas reachdail a choileanadh ann a bhith a' sireadh comhairle bho Bhòrd na Gàidhlig.

**Luchd-sgrùdaidh na Banrigh
Foghlam Alba
Samhain 2013**